



Tha stòras mòr de shlighean fada chuairt air feadh Alba, le iomairt ùr ann a' brosnachadh dhaoine a dhol a-mach a ghabhail an cuid as fhèarr dhiubh

San dol seachad

Iomairt ùr air dòigh a' faighinn daoine a-muigh air slighean-coiseachd na dùthcha.

Tha iomairt seo a' tarraing aire dhaoine do fhichead slighe-cuairt air feadh na dùthcha bho Chrìochan a chinn a deas gun Ghàidhealtachd gu tuath; 2,000 cilemeatair (1,300 mìle) de fhrith-rathaidean air an deagh chumail suas. Gheibhear orra cothrom air leth eòlas a chur air an nàdar agus na seallaidhean-tìre as miorbhaileach a lorgas an Alba; cho math ri beartas de dh'eachdraidh is dhualchas iongantach, inntinneach na dùthcha. Lorgas soidhnichean-ùil diofraichte air gach aon dhiubh, le cuid as motha de chuirtean far an rathaid mhòir, le seirbheisean do choisichean. Tha iad uile le co-dhiù 40 km (25 mìle) de dh'fhaid annta agus iad a' freagairt air coiseachd is marcachd air tursan fad latha no beagan làithean.

"Tha sinn a' cur clàr ri chèile a' tarraing aire do 20 slighe-cuairt mòra a lorgas an Alba," mar a mhinich Ashleigh Tooth, Oifigear Iomairtean SNH, "agus iad gu bhith air an sanasachadh air an rèidio

agus ann am pàipearan naidheachd nàiseanta. Gheibhear san fhoillseachadh seo cunntas goirid air fichead slighe-cuairt, le cuairt beag a bheireas blasad air gach aon dhiubh.

"Is cudromach an compàirteachas le VisitScotland sa phròiseact seo agus cuiridh iadsan duilleag mun iomairt seo air an làrach-lìn aca mu na slighean-cuairt," thuirt i. "A bharrachd air seo, gheibhear air làrach-lìn SNH mapaichean, cunntasan agus dealbhan dhe na slighean." Faodaidh daoine a bhith beagan làithean air slighe, ach faodas mar an ceudna tè a dhèanamh an latha, air deireadh-seachdainn no air turas beag de làithean-saora. Tha cuideachd tachartasan le maoir-dhùthcha agus cuairtean fallaineachd ('health walks') tric a' gabhail àite air pàirtean dhiubh. Seo iomradh beag air cuid dhen na slighean mòra as fhèarr.

Bho bhun gu muir, a' leantainn cuid de dh'aibhnichean mòra sìos gu ruige a' chosta. Carson nach lion thu na sgamhanan agad le fàilidhean cùbhraidh an t-samhraidh, gabh mìr air na bruaichean agus feuch uisge fionnar nan aibhnichean air bonn do chasan bochd!

- Slighe Shrath Anann
- Slighe Abhainn Chluaidh
- Slighe Abhainn Air
- Slighe Uisge Spè

Mas iad cladaichean agus adhar sailte na mara is ait leat, feuch na cuairtean seo le reòiteag mhòr nad làimh. Grian, gainmheach is goirsinn nan eun-mara air feadh gach aon dhe na leanas.

- Slighe Cladaich Siorrachd Air
- Slighe Cladaich Fìobha
- Slighe Iain Muir
- Slighe Chinn Tìre
- Slighe Cladaich Mhoireibh
- Slighe nan Eilean Siar

Gabh turas air ais a dh'eachdraidh na dùthcha air na slighean seo. Feuch leantainn an lorgan Naoimh Chuthbert, seinn Gregorian Abaidean nan Crìochan a' tighinn beò nad chluasan, air neo air an làimh eile fuaim nan meirleach a' falbh a thogail nam bò air Cuairt a' Cheatharnaich.

- Slighe Abaidean nan Crìochan
- Slighe a' Cheatharnaich
- Slighe Naoimh Chuthbert

An e còmhdhail is siubhal as fhèarr leat? Tha dà fhrith-rathad canàil ann, a' coinneachadh aig Cuibhle Mhòr na h-Eaglaise Brice, cho math ri slighean air seann rathaidean-iarainn am measg nan cuairtean furasta seo.

- Slighe an Damhaith
- Slighe Fhearann Mhàrtainn is Bhùchain
- Frith-rathad Chanàl For is Chluaidh
- Frith-rathad Chanàl an Aonaidh

Mas e fìor thuras caochlaideach, fiadhaich as fhèarr leat, seall ris an fheadhainn seo. Tog ort do mhàileid is gabh cuairt an cois lochan is bheanntan mòra, brùideil na dùthcha.

- Slighe a' Ghlinne Mhòir
- Slighe Àrd a' Chinn a Deas
- Slighe nan Tri Lochan
- Slighe na Gàidhealtachd an Iar

"Mas toil leat a bhith a' gabhail chuirtean beaga, gun teagamh bu chòir feuchainn ris na slighean seo," thuirt Ashleigh. "Gheibhear orra cuid dhe na seallaidhean-tìre as ainmeil an Alba, cho math ri cothrom leantainn ann an lorgan daoine a tha iomraiteach an eachdraidh na dùthcha."